

Preantasachd Nemeton Tbh Spòrs 2018

Sanas-obrach

Tìotal-obrach: Preantasachd Nemeton Tbh Spòrs ann an co-bhuinn ri BBC Alba

Cùmhnannt: Ùine-shuidhichte – làn thìde

Stèidhichte: Glaschu, Alba le greis eòlas obrach ann am Port Lairge, Èirinn

Ceann-là dùnaidh: 5 Dàmhar 2018

Tuarastal: £14,250 gach bliadhna - a' leantainn gu teisteanas acadaimigeach

Suidhichte: Glaschu/Port Lairge

Fiosrachadh mun obair

Ma tha sibh ag iarraidh dreuchd ann a bhith a' deànamh phrògraman spòrs airson BBC ALBA, ma tha thu dìoghrasach a thaobh a bhith a' deànamh phrògraman ùra, tarraingeach airson Tbh, Didseatach no air-loidhne, no ma tha sibh airson cur ri bhith ag atharrachadh raon craoladh didseatach BBC ALBA, chan eil dòigh nas fheàrr sin a thoirt gu buil na àite a chosnadh air Sgeama Preantasachd Spòrs Nemeton Tbh.

Bidh preantasan Nemeton Tbh stèidhichte ann an Glaschu le greis eòlas obrach aig na prìomh oifisean againn ann am Port Lairge, Èirinn, ag obair tarsainn air na diofar roinnean tron bhliadhna air craolaidhean spòrs a-muigh, aithrisean leth-ùine agus stuth didseatach agus air-loidhne tarsainn nam prògraman spòrs againn airson BBC ALBA. Bidh preantasan ag ionnsachadh sgilean deànamh phrògraman agus riochdachaidh agus obraichidh iad gu ruige "Creative and Digital Media Apprenticeship Level 3".

Tha an sgeama fosgailte airson tagraidhean bho 21 Sultain chun a 5mh dhen Dàmhar, airson tòiseachadh san Dàmhar 2018.

Ma tha sibh dìoghrasach airson a bhith a' cruthachadh stuthan spòrs beò no ro-chlàraichte, ma tha miann agaibh sa phròiseas riochdachaidh agus a' miannachadh dreuchd sna meadhanan, tha an sgeama seo na fhìor dheagh chothrom dhuibh.

Uallaichean-obrach

Tha Sgeama Preantasachd Spòrs Nemeton Tbh ag obair còmhla ri colaiste ann an Glaschu gus na cùrsaichean as fheàrr a leasachadh gus bunait riochdachaidh cho math sa ghabhas a thoirt dha na preantasan againn. Bidh an sgeama a' ruith fad bliadhna, far am faighear cothrom obrachadh air raon fharsaing de stuthan, fhad 's a thathar ag obair gu ruige "Level 3 Apprenticeship in Creative and Digital Media". Bidh cothrom ann cuideachd obrachadh còmhla ri Nemeton ann an Èirinn airson greis a' dol an luib prògraman aithriseil spòrs air a bheileas ag obair an-dràst. Mar phàirt dhen ghreis obrach sin bidh sibh a' dol gu òraidean agus bùthtean-obrach san Teisteanas Àrd-Ìre Riochdachadh Telebhisean aig Nemeton Tbh a th'air a ruith ann an co-bhanntachd ri Institiud Teicneòlas Port Lairge. Thèid cosgaisean siubhail is àite-fuirich a phàigheadh mar phàirt dhen cùmhnannt.

A' tairgsinn sàr thuigse air pròiseasan riochdachaidh Telebhisein, Didseatach agus Air-loidhne, uidheamaichidh am preantasachd seo thu le bhith a' toirt eòlas a bhios gu feum ann a bhith a' cur a-steach airson cùmhnanntan riochdachaidh san àm ri teachd. A thuilleadh air a bhith a' togail bunait sheasmhach ann an sgilean riochdachaidh, bithear cuideachd a' tairgse cothrom do phreantasan obrachadh ann an dà raon riochdachaidh:

Obair chruthachail – ag obair gu ruige obair nad "Runner" / Fo-rannsaiche / Leas-riochdaire/Riochdaire/Neach-aithris: a' cruthachadh aithrisean spòrs, a' cur a-steach bheachdan airson prògraman, a' rannsachadh agus a' dèiligeadh ri luchd com-pàirteachaidh/ sgeulachdan/suidheachaidhean/ ag obair an luib craolaidhean beò aig tachartasan spòrs.

Am measg nam prìomh dleastanasan:

- A' cur taic ri sgiobaidhean dèanamh phrògraman agus riochdachaidh, le dleastanasan oifis a' gabhail a-steach a bhith a' cruinneachadh theipichean, uidheamachd agus nithean eile; lethbhreacadh; a' freagairt fònaichean agus p-dealain; a' cumail rian air cosgaisean
- A' cur taic ri rianachd na sgioba ann an ùine a-mhàin le aire air a thoirt do rudan sònraichte, nam measg: a' co-òrdanachadh choinneamhan, cho-labhairtean, coinneamhan air fòn agus tachartasan eile, a' dèanamh cinnteach gu bheil rumannan, uidheamachd agus aogheachd air a chuir air dòigh; a' cur choinneamhan air dòigh agus siubhal / àite-fuirich.
- A' cur taic ri sgiobaidhean dèanamh phrògraman agus riochdachaidh le bhith: a' cuideachadh le bhith a' cur stuthan air dòigh air feadh nam meadhanan air fad; a' cuideachadh le clàradh aig làraichean agus craolaidhean beò; a' cur beachdan ri prògraman agus a' cuideachadh luchd-rannsachaidh air pròiseactan. A' dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh mu phrògraman air a chumail suas ris an uair agus clàraichte san dòigh cheart; a' lorg stuthan tasglainn agus ceòl, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil iad ceart gu leòr a thaobh còir-lethbhreac.
- A bhith nad dheagh riochdaire airson Nemeton Tbh, a' coinneachadh luchd-tadhail agus a bhith cuideachail do dhaoine a tha a lorg fiosrachadh, a' toirt deagh shealladh sa cur Luachan na companaidh an cèill – Cruthachalachd, Proifeiseantachd, Urram, Onorach, Ceannas agus Gàidhlig.
- Eòlas a bhith agad air poileasaidhean Slàinte & Sàbhailteachd a' BhBC.
- Ùidh a bhith agad ann an seirbheis spòrs BBC ALBA tarsainn gach raon craolaidh agus dìoghras a bhith agad gus dreuchd a leasachadh aig a' BhBC no ann an gnìomhachas nam meadhanan san fharsaingeachd.

An Tagraiche as Fheàrr

Airson a bhith nad phreantas, feumar measgachadh dheth na leanas a bhith agad:-

- Eòlas air prògraman spòrs BBC ALBA agus air prògraman air na meadhanan air fad, le ùidh anns an t-seanal agus sa ghnìomhachas san fharsaingeachd.
- Dìoghras airson, no ùidh ann a bhith a' dèanamh agus a' cruthachadh spòrs agus stuthan aithriseil – ann an dòigh phragtaigeach no tro bhith a' leasachadh bheachdan.
- A bhith pongail agus a bhith a' gabhail uallach, le deagh sgilean rianachd, a bhith comasach a bhith a' cur prìomhachasan an cèill agus deagh sgilean pragtaigeach.
- Eòlas ann a bhith a' toirt prìomhachas agus a' cur air dòigh d'obair taobh a-staigh àrainneachd a bhios ag atharrachadh fad an t-siubhail.
- Sgilean math IT le comas a bhith ag ionnsachadh siostaman ùra; eòlas air Microsoft Office air a shireadh (bidh trèanadh air a thoirt seachad).
- Comas a bhith a' tuigsinn agus a' cur an cèill poileasaidhean Slàinte agus Sàbhailteachd a' BhBC agus na luachan air cùlaibh dèanamh phrògraman a' BhBC, mar eisimpleir a' dèiligeadh ri daoine gu cothroman agus a' bhith ceart le ar cuid fiosrachaidh.
- Ag obair gu math air taobh a-staigh sgioba agus a bhith comasach faighinn air adhart le tòrr dhiofar dhaoine
- Deagh sgilean àireamhail, sgrìobhaidh agus conaltraidh.
- Làn de bheachdan ùra – comasach air fuasgladh fhaighinn airson trioblaidean agus lìbhrigeadh mu choinneamh cinn-là sònraichte.
- Miann ionnsachaidh agus a bhith deònach obair agus ionnsachadh a ghabhail os làimh còmhla.

Tha sinn a' sireadh dhaoine:

- A tha eadar 18-24, le cead a bhith a' fuireach agus ag obair taobh a-staigh na RA.
- A tha foghlamaichte gu ìre Nàiseanta 5. (Chan fhaod daoine le teisteanasan os cionn ìre 3/Àrd ìre/HNC cur a-steach)
- Dìoghrasach mu dheidhinn a bhith a' cruthachadh stuthan spòrs agus aithriseil airson Tbh, Didseatach agus Air-loidhne
- A tha comasach sealladh ùr a thoirt do BBC ALBA a thaobh prògraman spòrs a chuidicheas sinne gus ar luchd-amharc a riochdachadh nas fheàrr.
- A bhith èasgaidh agus a bhith deònach obrachadh taobh a-muigh uairean obrachaidh àbhaisteach.
- A bhith deònach dreuchd-beatha a thogail sna meadhanan – is e sgeama aig ìre tòiseachaidh a tha seo is chan e cur-seachad bliadhna a-mach.
- Deagh chomas sgrìobhaidh agus labhairt Gàidhlig.

Mun a' Chompanaidh

Chan eil sinn dìreach ag amas air an obair sa bheil sinn an sàs – tha sinn cuideachd a' gabhail cùram mun dòigh sa bheil sinn a' dèiligeadh ri chèile agus ris an luchd-amhairc againn. Tha sinn a' cur luach mhòr air obair sgioba a tha làidir a thuilleadh air a bhith dealasach mu amasan co-roinnte. Feuch gun leugh thu mu na luachan agus mu na dòighean-giùlain san sgrìobhainn a tha an cois seo. Thèid ceistean a chur ort mun deidhinn mar phàirt dhen tagradh agad airson na h-obrach seo.